

Bòrd na Gàidhlig**Geàrr-chunntas den Choinneimh:**

A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Coinneamh air Dimàirt 02/02/2021 09.30 – 12.15

Buill Bùird an Làthair:

Dòmhnall MacLeòid (Cathraiche) [DML]
 Màiri T NicAonghais [MTNA]
 Johan Nic a' Ghobhainn [JNG]

A' frithealadh:

Shona NicIlinnein, Ceannard [SNI]
 Mairianne Stiùbhart, Ceann an Ionmhais agus Chùisean Corporra [MS]
 Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd [DB]
 Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlam Gàidhlig [SW]
 Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan [SK] – Puingean 2.1, 2.2, 2.6, 4.3
 Louise NicIleathain, Manaidsear Ghnìomhan [LNI] – Puingean 6.1 is 6.2
 Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' gheàrr-chunntais [OND]

1.0 CUISEAN TÒISEACHAIDH**1.1 Fàilte is Leisgeulan**

Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile duine a bha an làthair. Cha robh leisgeulan ri clàradh.

1.2 A' Nochdadh Chom-pàirtean

MNA – Oilthigh na Gàidhealtachd, Colaiste a' Bhatail Nuadh, Ceòlas
 JNG – Comhairle nan Leabhraichean, Acair
 DML – SQA, Comhairle nan Eilean Siar

1.3 Geàrr-chunntas na coinneamh mu dheireadh air 27/10/2020

Chaidh **GABHAIL RI** Geàrr-chunntas na coinneimh a chumadh air 27/10/2020

1.4 Clàr-ghnìomhan

Bha còmhraidh aig Buill mu dheidhinn dè na puingeann a bu choir a bhith air a' chlàr agus ciamar a chì iad dè na puingeann a tha aig oifigearan ri dhèanamh.

Dh'iarr Buill gun tèid ainmeachadh air a' chlàr ma tha buidhnean a' tighinn gu BnG airson taic.

Dh'aontaich Buill cuideachd gum biodh e feumail nan robh coinneamhan nas fhaide agus barrachd ùine a thoirt airson chuspairean cudromach.

Co-dhùnadh:

Thug Buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh as ùr sa chlàr-ghnìomhan.

Minute of the Meeting:

Policy & Resources Committee
Meeting on Tuesday 02/02/2021 09.30 – 12.15

Board Members Present:

Donald MacLeod (Chair) [DML]
 Mary T MacInnes [MTMI]
 Johan Smith [JS]

In attendance:

Shona MacLennan, Ceannard [SML]
 Mairianne Stewart, Head of Finance and Corporate Affairs [MS]
 David Boag, Director of Language Planning & Community Developments [DB]
 Jim Whannel, Director of Gaelic Education [JW]
 Steven Kellow, Funding & Projects Officer [SK] – Items 2.1, 2.2, 2.6, 4.3
 Louise MacLean, Operations Manager [LML] – Items 6.1 & 6.2
 Orla MacDonald, Recording the minutes [OMD]

OPENING ITEMS**Welcome & Apologies**

The Chair welcomed everyone to the meeting. No apologies were recorded.

Declaration of Interests

MTMA – Oilthigh na Gaidhealtachd, Newbattle Abbey College, Ceòlas
 JS – Comhairle nan Leabhraichean, Acair
 DML – SQA, Comhairle nan Eilean Siar

Draft Minute of the previous meeting on 27/10/2020

The Minutes of the meeting held on 27/10/2020 were **APPROVED**

Action Log

Members discussed what points should be on the agenda and how they can see what points officers have to make.

Members requested it be recorded on the log if organisations come to BnG for support.

Members also agreed that it would be useful if meetings were longer to allow more time for important issues.

Decision:

The members **NOTED** the updated information in the action log.

1.5 Gnothach Iomchaidh sam Bith Eile

Ballrachd chomataidhean

Pròiseas geàrr-chunntasan choinneamhan

AOCB

Committee membership

Committee minutes process

2.0 IONMHAS**2.1 Adhartais Buidhnean Com-pàirteach Libhrigidh 2020-21**

Thug SK am pàipear seachad.

FINANCE**Progress of Delivery Partner Organisations 2020/21**

SK presented the paper.

Bha còmhraidh aig Buill mu dheidhinn duilgheadasan a th' air a bhith aig buidhnean agus thug SK barrachd fios seachad mu dheidhinn nan suidheachaidhean seo.

Members discussed issues facing organisations and SK provided further information on these issues.

Co-dhùnadh:Thug Buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh as ùire sa chlàr-gnìomha.Decision:The Members **NOTED** the updated information in the Action Log.**Iarrtas taic-airgid: Gigaretts****2.2** Bha còmhraidh aig Buill mun iarrtas agus mun obair a thèid a dhèanamh.**Funding application: Gigaretts**

Members discussed the application and the work which is to be undertaken.

Co-dhùnadh:Chaidh **GABHAIL RIS** an iarrtas taic-airgid agus thèid a mholadh dhan Bhòrd-stiùiridh.Decision:The funding application was **AGREED** and will be recommended to the Board.**2.3 Pròiseact: Barail air a' Ghàidhlig**

Thug DB am pàipear seachad.

Project: Gaelic attitudes survey

DB presented the report.

Bha còmhraidh aig Buill mu luach a' phròiseict.

The Members discussed the value of the project.

Co-dhùnadh:Chaidh **GABHAIL RIS** a' phròiseact.Decision:The project was **AGREED**.**Seisean Fosgailte**

Chuir Cathraiche na Comataidh fàilte air luchd-amharc don choinneamh bheò agus nochd Buill an com-pàirtean a-rithist.

Open Session

The Chair of the Committee welcomed the audience to the live meeting and Members reiterated their declarations of interest.

Leisgeulan**A' Nochdadh Chom-pàirtean****Apologies****Declaration of Interests****2.0 IONMHAS****Aithisg Ionmhais gu 31.12.2020****2.4** Thug MS geàrr-chunntas seachad air an Aithisg Ionmhais agus mhìnich i suidheachadh a' bhuidseit aig an àm seo. Thathar an dùil gun tèid am buidseat iomlan a chosg ro dheireadh na bliadhna ionmhais.**FINANCE****Finance Report to 31.12.2020**

MS gave an overview of the Finance Report and explained where the budget is currently. It is anticipated that the full budget will be utilised by the year end.

Bheachdaich Buill air cosgaisean trèanaidh agus draghan mu fo-chosg mar thoradh air Covid-19.

Members discussed training costs and concerns about underspend because of Covid-19.

Co-dhùnadh:Thug na Buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh anns an Aithisg Ionmhais.Decision:Members **NOTED** the information in the Finance Report.**Dreachd Buidseat 2021-22****2.5** Chaidh còmhraidhean mun Dreachd Buidseat airson 2021-22 a chur dheth air sgàth fiosrachadh ùr mu atharrachaidhean anns a' phoileasaidh pàighidh a fhuair a' bho chaidh am pàipear**Draft Budget 2021-22**

Discussions on the Draft Budget 2021-22 were postponed due to new information about changes in the pay policy which had been received since the paper was prepared.

ullachadh.

2.6 Adhartas Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh 2020-21

Thug SK am pàipear seachad. Leig e fios gu bheil buidhnean air a bhith for-gnìomhach leis an obair aca ged is e suidheachadh dùbhlach th' air a bhith ann.

Co-dhùnadh:

Thug na Buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh sa phàipear.

Progress of Delivery Partner Organisations 2020/21

SK presented the report. He noted that organisations have been proactive in their work despite the challenging situation.

Decision:

The members **NOTED** the information in the paper.

3.0 RIAGHLADH CORPORRA

Plana Gnìomh 2020/21 - Sgrùdadh

Thug SNL iomradh air a' Phlana Gnìomh agus leig i fios do Bhuill gu bheil i gu math riarachaidh leis an obair a tha a' bhuidheann air a dhèanamh.

Dh'aithris JW air puingean gnìomh a thaobh foghlaim. Thug e fios cuideachd air suidheachadh nan sgoiltean agus leig e fios gum bi aithisg ri faighinn às dèidh coinneamhan le oifigearan GLAN (Gaelic Local Authority Network).

Dh'fhàg DML a' choinneamh aig 10.42 is chaidh JNG sa Chathair.

Chaidh bhruidhinn air E-sgoil agus an obair a tha iad a' libhrigeadh sa Bheurla agus sa Ghàidhlig. Chaidh innse dhan Chomataidh gu bheil iad a' teagasg airson teisteanasan ann an Gàidhlig. Chan eil iad a' tabhann chuspairean eile tro mheadhan na Gàidhlig an-dràsta.

Thill DML dhan choinneimh mar Chathraiche, 10.48.

Thug Buill taing don sgioba air fad airson na h-obrach a tha iad air dèanamh.

Bha còmhraidh aig Buill mu dheidhinn planaichean Gàidhlig agus mun obair a tha ri dhèanamh.

Co-dhùnadh:

Ghabh Buill **FA-NEAR** don Phlana Gnìomh airson 20/21.

Gnìomh:

Aithisg a chaidh do dh'oifigearan GLAN ri dhol air an làraich-lìn.

CORPORATE GOVERNANCE

Operational Plan 2020/21 – Monitoring

SML referred to the Action Plan and informed Members that she was very satisfied with the work the organization has done.

JW presented the education action points. He also informed Members about situation with regard to schools and indicated that a report would be available following meetings with GLAN (Gaelic Local Authority Network) officers.

DML left the meeting at 10.42 and JS took the Chair.

There was a discussion about E-school and the work they deliver in English and Gaelic. The committee was informed that they teach for Gaelic qualifications. They do not currently offer other subjects through the medium of Gaelic.

DML returned to the meeting as Chair, 10:48.

Members thanked the whole team for their work.

Members discussed Gaelic language plans and the work to be done.

Decision:

Members **NOTED** the Operational Plan for 20/21.

Action:

The report sent to GLAN officials is to be posted on the website.

4.0 CLEACHDADH

4.1 Planaichean Gàidhlig

PT1 – PGR019 E01 Comhairle Lodainn Mheadhanaich

Dh'aithris DB air a' Phlana agus thug e taing do na daoine a bha an sàs ann.

Bha còmhraidh aig Buill mu shusbaint a' Phlana agus chaidh moladh gum bu chòir còmhraidhean a chumail leis a' Chomhairle gus leasachadh na Gàidhlig san sgìre a neartachadh

Co-dhùnadh:

USAGE

Gaelic Language Plans

PT1 – PGR019 E01 Midlothian Council

DB presented the Plan and thanked all those who were involved.

Members discussed the content of the Plan and suggested that discussions be held with the Council to strengthen Gaelic development in the area.

Decision:

DH'AONTAICH Buill leis a' Phlana leis an tuigse gun tèid na puingeann bhon choinneimh seo a thogail.

Members **AGREED** the plan with the understanding that the points from this meeting would be raised.

4.2 Amasan Àrd Ìre

PT1 – PGR065 E03 Ùghdarras Theisteanas na h-Alba
 PT2 – PGR034 E03 Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath
 PT3 – PGR038 E03 Nàdar Alba
 PT4 – PGR048 E03 Oilthigh Ghlaschu
 PT5 – PGR058 E02 Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba
 PT6 – PGR064 E02 Ùghdarras Poilis na h-Alba
 PT7 – PGR053 E02 Poileas Alba
 PT8 – PGR057 E02 Seirbheis Ambaileans na h-Alba
 PT9 – PGR011 E02 Comhairle Baile Obar Dheathain
 PT10 – PGR060 E03 Stòras Mara Cailleannach Earranta

Dh'fhàg DML a' choinneamh aig PT1. JNG sa Chathair. Thill DML mar Chathraiche airson PT2.

Bha còmhraidh aig Buill mu gach pàipear agus thug iad taing do na h-oifigearan airson an cuid obrach.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH Buill ri gach pàipear. Dh'aontaich iad PT9 leis an tuigse gun tèid coimhead air leudachadh aig ìre bun-sgoile.

Gnìomh:

Oifigearan gus còmhraidh a chumail le Comhairle Baile Obar Dheathain mu leudachadh bun-sgoile.

4.3 Teachdaireachdan bhon Cho-chomhairle Maoineachaidh

Dh'aithris SK air a' phàipear agus bha còmhraidh aig Buill mu dheidhinn toraidhean agus pròiseasan.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH Buill ris a' phàipear.

Gnìomh:

Buill ri bruidhinn mu bhuidheann-obrach tro phost-d.

5.0 IONNSACHADH

5.1 Bogadh do Luchd-obrach Foghlaim 2021-22

Dh'aithris JW air a' phàipear agus thug e fios seachad mu dheidhinn nan daoine a rinn cùrsaichean Gàidhlig.

Bha còmhraidh aig na Buill mu dheidhinn a' phàipeir.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH Buill ris a' phàipear.

High Level Aims

PT1 – PGR065 E03 Scottish Qualifications Authority
 PT2 – PGR034 E03 North Lanarkshire Council
 PT3 – PGR038 E03 Nature Scot
 PT4 – PGR048 E03 University of Glasgow
 PT5 – PGR058 E02 Scottish Fire and Rescue Service
 PT6 – PGR064 E02 Scottish Police Authority
 PT7 – PGR053 E02 Police Scotland
 PT8 – PGR057 E02 Scottish Ambulance Service
 PT9 – PGR011 E02 Aberdeen City Council
 PT10 – PGR060 E03 Caledonian Maritime Assets Ltd

DML left the meeting at PT1. JS took the Chair. DML returned to the chair for PT2.

Members discussed each paper and thanked the officers for their work.

Decision:

Members **AGREED** each paper. The agreed PT9 with the understanding that primary school expansion would be considered.

Action:

Officers to discuss primary school expansion with Aberdeen City Council.

Responses from the Funding Consultation

SK presented the paper and Members discussed outputs and processes.

Decision:

Members **AGREED** the paper.

Action:

Members to discuss a working group by email.

LEARNING

Immersion for Education Staff 2021-22

JW introduced the report and gave an account of those who had undertaken Gaelic courses.

The Members discussed the paper.

Decision:

Members **AGREED** the paper.

5.2 Ath-sgrùdadh air an Stiùireadh Reachdail

Dh'aithris JW air a' phàipear agus thug e beagan eachdraidh seachad air adhbhar a' phàipeir.

Bha còmhradh aig Buill mun stiùireadh reachdail agus cò leis a na dleasan.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH Buill ris a' phàipear.

Review of the Statutory Guidance

JW introduced the report and gave some background as to the reasons for the paper.

Members discussed the statutory guidance and who is responsible.

Decision:

Members **AGREED** the paper.

6.0 CÙISEAN CORPORRA**6.1 Suirbhidh Luchd-obrach 2021**

Thug LNI fios seachad mu dheidhinn nan suirbhidhean a bhios a' dol air adhart tron bhliadhna agus dh'aithris i gu bheil deagh adhartas air a bhith ann.

Co-dhùnadh:

Thug Buill **FA NEAR** don fhiosrachadh sa phàipear.

Gnìomh:

Toraidhean suirbhidhean ri dhol gu Buill, ma tha seo ceadaichte.

6.2 Poileasaidh Dìomhaireachd

Thug LNI iomradh air a' phoileasaidh agus thug i fios gu bheil stiùireadh agus trèanadh ri thighinn.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH Buill ris a' Phoileasaidh.

7.0 PLANA OBRACH NA COMATAIDH

Dreachd Plana Obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Dh'aithris SNI air a' phàipear.

Bha còmhradh aig Buill mu dheidhinn agus mhol iad gun tèid còmhraidhean air adhart le buidhnean a tha a' faighinn nan suimean-airgid as motha.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH Buill ris a' Phlana Obrach.

Gnìomh:

Amannan gu bhith air an cur air dòigh gus coinneachadh ri buidhnean.

8.0 GNOTHACH IOMCHADH SAM BITH EILE**Ballrachd Chomataidhean**

Tha am pròiseas airson Buill ùr fhadthad a' dol air adhart an-dràsta agus bu chòir co-dhùnadh a bhith ann sa Mhàrt 2021.

Pròiseas Geàrr-chunntasan

A' gluasad gu pròiseas aontachaidh tro phost-d.

Ceann-latha na h-ath coinneimh: 18/05/2021

CORPORATE MATTERS**Staff Survey 2021**

LML reported on the surveys which will be running throughout the year and reported that there has been good progress.

Decision:

The members **NOTED** the information in the paper.

Action:

Survey results to be given to Members, if permitted.

Confidentiality Policy

LML outlined the policy and announced that guidance and training would follow.

Decision:

Members **AGREED** the policy.

COMMITTEE WORK PLAN**Policy & Resources Committee Draft Work Plan**

SML presented the report.

Members discussed this and recommended that discussions take place with groups receiving the largest sums.

Decision:

Members **AGREED** the Work Plan.

Action:

Times to be found to meet groups.

ANY OTHER BUSINESS**Committee Membership**

The process of recruiting new Members is currently underway and a decision should be made in March 2021.

Process for Minutes

Moving towards an email approval process.

Date of next meeting: 18/05/2021